



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

CÈITEAN 2020 / MAY 2020

TEACHDAIREACHD BHO DÀNAIDH MACRATH

Gun teagamh tha an aonarachd a spàrr an Coròna-bhioras oirnn air cothrom a thoirt dhan fheadhainn chruthachail nar measg an ùine a bharrachd a th' aca a chleachdad a' foillseachadh an cuid thàlantan air-loidhne. Tha seo a' glacadh aire dhaoine agus gan toirt còmhla ann an dòigh laghach gus leantainn a' gabhail tlachd nar cànan, ceòl agus òrain, agus geur-chainnt àraid nan Gàidheal!

Tha An Comunn Gàidhealach air greimeachadh air na cothroman ùr seo cuideachd, agus mun àm a leughas sibh seo 's dòcha gum bidh a' chìad Taigh-cèilidh Mòid air còrdadh ribh air duilleag Facebook a' Mhòid Nàiseanta Rioghail.

'S duilich gur e firinn na beatha gun tig bàs cuideachd, agus tha saoghal nan Gàidheal mòran nas truaighe bhon a' chaill sinn Ailean MacColla à Loch Abar, a bha bho thus bhon Doirlinn faisg air Àth Tharracail.

Tha sinn gu cinnteach a' caoidh sàr Ghàidheal agus fear a bha ainmeil na chomasan seinn, bàrdachd, mar sgeulaiche Gàidhlig, agus na cheatharnach dhar dualchas anns a h-uile dòigh. Bidh mòran a' cuimhneachadh air na cèilidhean grinn a thug Ailean is a bhràthair Tearlach ri chèile a' toirt cothrom coinneachaидh is càirdeis dha Gàidheil às gach àite, agus a' brosnachadh moit agus misneachd anns a Ghàidhlig is a cultar.

'S e fior urram a th' ann clach a chur air a' chàrn aig Ailean, agus fois shiorraidh dha.

Bhon a h-uile duine againn aig A' Chomunn cùmaibh sàbhailte agus cleachdaibh ar canan aig a h-uile cothrom.

Danny MacRae
Iar Cheann-suidhe
An Comunn Gàidhealach

#cleachdi
aigantaigh



MESSAGE FROM DANNY MACRAE

There is no question that the Coronavirus lockdown has resulted in the creative amongst us making good use of their spare time and sharing their talents with us through online technology. This has led to a popular way of engaging and bringing people together to continue enjoying our language, music and song along with the Gael's special brand of wit and humour.

An Comunn Gàidhealach have embraced these new lines of communication also, and by the time you read this Newsletter you may have enjoyed the first Mod Cèilidh House session via the Royal National Mod Facebook page.

Sadly, death is a fact of life and the world of Gaeldom is so very much poorer following the passing of Allan MacColl from Fort William, and who was originally from Dorlin near Acharacle.

Unquestionably, we are mourning a special Gael and a man who was an acclaimed singer, a bard, an entertaining storyteller, and a consistent determined champion to our cultural heritage. Many will be recalling the memorable cèilidhs that Allan and his brother Charlie regularly organised, creating an opportunity for Gaels from all over the country to meet and develop friendships, and also to be motivated and encouraged to take pride in their Gaelic language and culture.

It is an honour to write these few words in Allan's memory May he rest in peace.

From all of us at An Comunn keep safe and use our language at every opportunity.

Danny MacRae
Vice-President, An Comunn Gaidhealach

TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Leis gu bheil a mhòr-chuid againn a' cleachdadadh nam meadhanan sòisealta gach latha gus cumail a' bruidhinn ri chèile, airson an obair againn, airson an tide a chur seachad is eile, a bhith a' coimhead air na meadhanan sòisealta no a' ceannach air-loidhne, cha bhiodh sinn airson a bhith gun an eadar-lion anns na làithean àraid seo.

Tha mòran sheinneadairean agus luchd-ciùil air a bhith a' craoladh beò air na meadhanan sòisealta, a' toirt thugainn cuirmean gu ar dachaighean fhèin.

Chur An Comunn Gàidhealach consaist air dòigh bho chionn ceala-deug air ais, Taigh Cèilidh a' Mhòid, far an tainig neach-buannachaidh Bonn Òir a' Chomuinn bho na 90s còmhlaigh tro zoom, gus cèilidh a thoirt thugainn, beò air duilleag Facebook a' Mhòid. Abair gun do chòrd an oidhche ris a h-uile duine a bha a' leanntainn.

Le sin, tha sinn air leth thoilichte innse dhuibh gu bheil sinn an dòchas Taigh Cèilidh a' Mhòid a thoirt thugaibh anns na mìosan a tha romhainn!

Thèid an ath chèilidh a chumail air Diardaoin 11mh Ògmhios. Dèanamh cinnteach gum bidh sibh gar leanntainn beò air duilleag Facebook a' Mhòid an oidhche sin!

Sgaoilidh sinn fios mu na seinneadairean nas fhaisg air an àm.

With most of us spending so much time online just now, be it for work, communicating with family and friends, browsing social media or shopping online, the internet has been a lifeline and means of entertainment for us.

Many musicians have taken to social media to perform online concerts which has been fantastic.

An Comunn Gàidhealach has held an online concert, Taigh Cèilidh a' Mhòid, which featured a number of Mod Gold Medallists from the 90s. We had performances of the medallists singing live via zoom along with recordings from the BBC archives of several other singers. It was a fantastic cèilidh and we have received great feedback for the event.

We are delighted to announce that we'll be carrying on with our Taigh Cèilidh a' Mhòid concerts series over the next few months!

The next event will take place on Thursday 11th June. Be sure to join us live on the Royal National Mod Facebook page!

Artistes will be announced nearer the time.

TAIGH CÈILIDH A' MHÒID



#cleachdi
aigantaigh

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riailtas na h-Alba



#cleachdi
aigantaigh



NAIDHEACHD MHÒR
ANNS AN AMHARC...

EXCITING NEWS
COMING SOON...

CUMAIBH SÙIL AIR WWW.ANCOMUNN.CO.UK
AGUS NA MEADHANAN SÒISEALTA AGAINN!

KEEP AN EYE ON WWW.ANCOMUNN.CO.UK AND OUR SOCIAL MEDIA PAGES!

#cleachdi
aigantaigh

TAING DO LUCHD-OBRAICH RIATANACH

Thairis air na beagan sheachdainean a chaidh seachad, tha sibh air a bhith a' cur thugainn bhideothan, a' toirt taing dhan luchd-obrach riatanach a tha air a bhith ag obair cho cruaidh gus sinn uile a dhòn le suideachadh an corònabhòras.

Taing mhòr dhuibh uile airson na bhideothan seo a chur thugainn, tha iad uile air còrdadh rinn.

Ma tha sibh fhèin airson bhideo goirid thugainn, cuiribh thugainn e tro duilleag Facebook a' Mhòid no air post-dealain gu marina@ancomunn.co.uk ag innse cò dha tha sibh a' toirt taing.

Nach toir sinn taing mhòr dhan luchd-obrach riatanach!

Tapadh leibh!

THANKS TO OUR KEY WORKERS

Over the past few weeks, some of you have been sending us videos, thanking all the key workers who are working so hard to protect us all during the coronavirus pandemic.

Many thanks to all of you who have sent these videos to us, they have all been fantastic.

If you would like to send us a video thanking the key workers, you can send it to us via our Facebook page, or send it to marina@ancomunn.co.uk

Let's show our appreciation to all our fantastic key workers!

Thank you!



MÒDAN IONDAIL 2020

Mar a bhios fios agaibh, tha a' chuid as mothà de na Mòdan ionadail air an cuir dheth am-bliadhna air sgàth's an coròna-bhioras. Tha sinn toilichte innse dhuibh gu bheil trì de na Comataidhean gu bhith cumail Mòdan ionadail air-loidhne, nach eil sin sgoinneil!



Thèid Mòd Ionadail Dhùn Èideann a chumail air an deireadh-sheachdain seo, air Dihaoine 29 agus Disathairne 30 Cèitean. Tadhlaibh air an duilleag Facebook aca an seo, air làrach-lìn Mòd Ionadail Dhùn Èideann no cuiribh post-d thuca aig localmodedinburgh@gmail.com airson tuilleadh fiosrachadh.



Tha Comataidh Mòd Ionadail Ghlaschu cuideachd a' cumail Mòd air-loidhne am-bliadhna. Bidh an tachartas seo gu math no-fhoirmeil, dìreach airson beagan spòrs gun britheamhachd no britheamhan sam bith. Cuiribh fios thuca air an duilleag Facebook aca, air an làrach-lìn aca no cuiribh post-d thuca aig glasgowlocalmod@gmail.com.



Tha Meur Loch Abar cuideachd an dùil Mòd Ionadail air-loidhne a chumail am bliadhna. Gheibhear tuilleadh fiosrachadh air duilleag Facebook Mòd Loch Abar no cuiribh post-d gu modlochaber@gmail.com.

Gheibhear clàr-eagair agus foirm iarrtais airson farpaisean an seo. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math leis na Mòdan ionadail seo.

Nach leig sibh fios ciamar a thèid dhuibh!

#cleachdi
aigantaigh

2020 PROVINCIAL MODS

You will be aware that the majority of Provincial Mods have been cancelled for this year because of the coronavirus pandemic. However, several of the Provincial Mod Committees have decided to stage Provincial Mods online this year, we are delighted to hear this!



The Edinburgh Provincial Mod will take place online, this weekend, on Friday 29 and Saturday 30 May. You can find further information on the Edinburgh Mod by visiting their Facebook page, the Mòd Ionadail Dhùn Èideann website or email localmodedinburgh@gmail.com



There will also be an online Provincial Mod in Glasgow. The Committee have decided that this will be a very informal event, just for fun, with no adjudications or adjudicators. you can contact them via their Facebook page, their website or email glasgowlocalmod@gmail.com

MÒD IONADAIL LOCH ABAR LOCHABER PROVINCIAL MÒD



DIGITAL MÒD

Meur Loch Abar shall be holding a digital mod in lieu of our traditional competition, entries to this competition are now open to all and a copy of our restricted syllabus is available on the links below or by viewing the Meur Loch Abar Facebook page

Entries should be made by competitors submitting a video of their performance to modlochabar@gmail.com

All entries to be submitted by 19th June 2020

All performances to be submitted by 26th June 2020

[Click here for Syllabus](#)

[Click here for Entry Form](#)

modlochabar@gmail.com

07743 110720

Mòd Loch Abar

CÒISIR GHÀIDHLIG CHÀRLABHAIGH

Ged a tha sinn uile sgapte an-dràsta, tha sinn air a bhith trang ag obair air rudeigin còmhla.

Fhad's a tha sinn air a bhith fon ghlasadh-sluaign, tha ar stiùiriche Mairi air obair mòr a dhèanamh ann a bhith a' deasachadh am bhideo a tha seo, a' tarraing gach clàradh fa leth còmhla bho gach ceàrnaidh fad' is farsaing, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn uile a' tarraing air an aon ràmh.

Tha sinn gu mòr an dòchas gun toir seo beagan togail dhuibh mar a thug e dhuinn fhìn! Seo agaibh Càrlabhagh le Còisir Ghàidhlig Chàrlabhaigh.

<https://www.youtube.com/watch?v=dCTxEWXNCpE>

Although we are all apart at present, we have been working on a wee project together.

Under lockdown, our conductor Mairi has undertaken a power of work in compiling this video, slotting in each separate audio and visual clip from our members across the island (and the country!) ensuring we are in perfect harmony together.

We hope it brings you as much joy as it brought us to produce. This is a tribute to our wonderful, supportive community.

<https://www.youtube.com/watch?v=dCTxEWXNCpE>



#cleachdi
aigantaigh

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidih ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)

£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)

£5 (students)

DUAISEAN A' MHÒID

Air sgàth's suidheachadh COVID-19, tha sinn ag iarraidih air neach buannachaидh Mòd 2019 na duaisean aca a chumail an dràsta agus curridh sinn fios thugaibh nuair a bhios e comasach dhuinn an gabhail air ais.

Airson tuilleadh fiosrachadh, curribh post-d gu seonag@ancomunn.co.uk no curribh fòn air 01463 709 705.

MOD TROPHIES

Due to the ongoing situation with the COVID-19 pandemic, we ask that all Mòd 2019 trophy winners hold on to their trophies for the time being and we will contact you to arrange their return.

For further information please email seonag@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705.

MÒDAN RI TEACHD / FUTURE ROYAL NATIONAL MOD DATES

INBHIR NIS / INVERNESS - 8-16 DÀMHAIR 2021

PEAIRT / PERTH - 14-22 DÀMHAIR 2022

PÀISLIG / PAISLEY - 13-21 DÀMHAIR 2023

AN T-ÒBAN / OBAN - 2024 (CINN-LATHA RI DHEARBHADH)



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire,

Mar a gheall mi dhuibh sa cholbh seo sa Ghiblean, bu mhath leam, sa mhìos seo, a dhol air cuairt-bàrdachd do dh'Uibhist, far am bheil pailteas bàrdachd, ceòll agus seanchais. 'S e duthchas allail san eachdraidh bàrdachd Gàidhlig a tha dlighe an dà Uibhist, mu thràth bhon 13mh linn a-mach, air sgàth cliù Clann Mhic Mhuirich, filidhean a bha ann an treun an neirt eadar an 15mh agus 18mh linn.

'B e aos-dàna Clann Mhic Ailein a bh'annta, nam measg Niall MacMuirich à Stadhlaigearraidh (1637-1726), fear nam filidh Gàidhlig clasaigeach mu dheireadh. Tha deich dàn leis fhathast brath-air-bhrath againn, a' gabhal a-steach 'Marbhrann Mhic Mhic Ailein, 1715:

"Och a Mhuire, mo dhunaidh!/ Thu bhith d'shineadh air d'uillinn/ an taigh mòr Mhorair Dhrumainn/ gun ar dùil ri d'teachd tuilleadh..."

On a thòisich An Comunn Gàidhealach a' toirt seachad Crùn a' Bhàird ann an 1923, chaith triùir bhàird à Uibhist a' chrùnad:

Dòmhnull Iain MacDòmhnaill, Màiri NicGhillEathain agus an t-Urr. Cailean T MacChoinnich. Tha fhios ge-tà gu bheil buntanas dlùth ri Uibhist ag iomadh Bàrd a' Chomuinn eile, nam measg bràthair-màthar aig Dòmhnull Iain - Dòmhnull Ruadh Mac an t-Saoir, 'Bàrd Phàislig', a bhuannaich ann an 1938 - agus, anns an ùine nas giorre a dh'fhalbh, Aonghas Pàdraig Caimbeul agus Màrtainn Mac an t-Saoir.

Bha tàlantan bàrdachd aig dà thaobh an teaghlaich aig Dòmhnull Iain MacDòmhnaill à Pheighinn nan Aoireann, Uibhist a Deas (1919-1986). Choisinn esan an crùn ann an 1948 leis an dàn "Moladh Uibhist". Gheibh sibh cruinneachadh sgoinneil nan dàn aige san leabhar "Chì mi", a dheasaich Bill Innes. Is fior thoil leam an dàn smaoineachail "Geata Tìr nan Òg": "Chì mi bhuam an gàrradh-crìche/ 'S geata Tìr nan Òg:/ Ceum air cheum a' triall ga h-ionnsaigh,/ Ruith an dè 's an diugh don chunntais/ Gann a chì mi air mo chùlaibh/ lomadh lùb san ròd.' Tha an dàn àlainn seo air mo bhrosnachadh gus fonn a chur air mar òran (a chluinneas sibh air an làrach-lìn agam, faicibh an ceangal shòis).

Sgrìobh Dòmhnull Iain cuideachd leabhar "Uibhist a Deas" ann an 1981, mu eachdraidh agus seanchas an eilein, a tha Acair air ath-fhoillseachadh an uiridh, gus ceud bliadhna a chomharrachadh on a rugadh e.

Choisinn Màiri NicGhillEathain à Ghriomasaidh (1921-2004) an crùn ann an 1951, leis an dàn eireachdail "Do Bheinn Eubhal". Seo an sleath mu dheireadh:

"Tha thus' Eubhal, an-dràsta/ Sa chruinne-chè seo an làraich/ San deach do stèidheachadh tràth ann ad' òige,/ 'S gu'n tig a' chrioch às na h-àrdaibh/ 'S an tèid a' ghrian-gheal a smàladh,/ Bidh thu 'm fianais, san àite 'sam b' eòl thu."

Cha b'e Màiri ach an dàrna bana-bhàrd a fhuair urram a' chrùin fad tricead bliadhna. Nochd na dàin aice ann an irisean is pàipearan, ach chuirinn fhìn failte bhlàth air cruinneachadh slàn dhiubh.

Choisinn an t-Urr. MacChoinnich à Uibhist a Deas (1917-1994) an crùn ann an 1952, le pùs nas aotroime "An Seanchaidh", a chleachd cruth car no-àbhaisteach 'Rondeau'.

Tha sealbh beartach bàrdachd Uibhistich eile a tha airidh air taisbeanadh, no earrannan nas fhaide asta a thairgse! Ma tha ùidh agaibh annta, thoiribh sùil air na leabhraichean agus tobaran, air an dèan mi iomradh sa bhun-nòta shòis.

Sna mìosan a dh'fhalbh, is sinne 'glaiste a-staigh', thèid na ràithean mun cuairt sa ruithim àbhaisteach. Ach bidh feadhainn againn ag ionndrainn àitichean-gaoil bòidheach a tha prìseil dhuinne. San dealachadh, seo dhuibh rann às an dàn le Dòmhnull Iain "A Bhliadhna Uibhisteach", le rann ann airson gath ràithe. Seo dhuibh rann mun tionndaidh bhon earrach chun an t-samhraidh, ri taobh dealbh fhlùraichean tràigh Bhornais - pùs beag air falbh bho àite-breith nam bàrd ann an Stadhlaigearraidh, Peighinnnan nan Aoireann is àitichean eile ann an Uibhist àlainn.

"Aileadh cùbhraidih thar luibhean/ Air machair buidhe nam blàth-fhlùr;/ Monmhar cagach na tuinne/ Gu binn a' sruthladh ri tràigh ghil;/ Soillse gréine a' lasadh/ Leacan casa sna h-àirdean /Dealbh an eilein san t-samhradh,/ Clachag neamhnaid san fhàinne."

Beannachdan cridheil, Sandaidh

www.sandynicdhomhnailljones.com

Tobaran:

'An Lasair', Deas. Ronald Black, Birlinn 2001

'An Tuil', Deas. Ronald Black, Polygon 2002

'Uibhist a Deas', Dòmhnull Iain MacDòmhnaill, Acair 1981, 2019

'Chì mi - Dòmhnull Iain MacDòmhnaill', Deas. Bill Innes, Birlinn 1998

'The Voice of the Bard', Timothy Neat agus John MacInnes, Birlinn 1999 'Gaelic Bards and

Minstrels', William Matheson, School of Scottish Studies & Greentrax 1993, 2000

'Bàrdachd Gàidhlig 1550-1900', William J Watson, An Comunn Gàidhealach 1976



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends - this month, as I mentioned in April, I'd like to take a bardic journey to Uist with you. The Uists brim with an abundance of poetry, music and traditional lore. It holds an illustrious place in the history of Gaelic poetry, dating back as far as the 13th century, particularly because of the renowned MacMhuirich bardic family, who were at the height of their powers from the 15th to 18th centuries.

They were the professional bards of Macdonald of Clanranald, and included Niall MacMhuirich of Stilligarry (1637-1726), one of the last learned bards of classical Gaelic. Ten of his poems survive, including a Lament for Clanranald of 1715: "Ah, Mary! My desolation/ that you should be lying on your elbow/ in the Laird of Drummond's big house/ with no expectation of you ever returning..."

Since An Comunn Gàidhealach's Bardic Crown was established in 1923, there have been three crowned bards from Uist: Dòmhnull Iain MacDhòmhnaill, Mary Maclean, and Rev Colin T MacKenzie. Of course, there have also been several others with strong Uist connections, including Dòmhnull Iain's uncle - his mother's brother - Donald MacIntyre 'the Paisley Bard', who won the crown in 1938; and, more recently, Angus Peter Campbell and Martin MacIntyre.

Dòmhnull Iain MacDhòmhnaill of Peninerine, South Uist (1919-1986) came from a family with strong bardic traditions on both sides. He was awarded the Crown in 1948 for his poem "In Praise of Uist". There is a fine compilation of his poetry, "Chì mi" edited by Bill Innes. One of my favourites in the collection is the wistful "Gate to the Land of the Young": "I see yonder the boundary wall/ And gate of Tír nan Òg:/ Step by step moving towards it,/ Today and yesterday gone into the record,/ I can scarcely see behind me/ Many a bend in the road."

This wonderful poem lured me into attempting a song-setting of it (which you may hear on my website link below). Dòmhnull Iain also wrote a book "South Uist" in 1981, about the island's history and lore. The book was reprinted by Acair last year, 2019, to mark the centenary of his birth.

Mary Maclean (1921-2004) of Grimsay, North Uist, was only the second female recipient of the Crown in its first 30 years, a feat she achieved in 1951 with her remarkable "To Ben Eaval". Here are its last lines: "You, Eaval, are now/ In the spot in this universe/ Where you were fixed early on in your youth,/ And till the end comes from on high/ And the bright sun's extinguished,/ There you'll be, in your accustomed place."

Mary's poems appeared in a variety of journals and papers: I think it would be wonderful to see them brought together in a collection.

Rev Mackenzie of South Uist (1917-1994) won the crown in 1952, with the more lighthearted "The Shennachie", employing the less common 'Rondeau' form. There is such a wealth of other poems by Uist bards which I should have liked to showcase - or quote at greater length! For those of you interested to read more, please see the books and sources cited in my footnote below.

During our recent months of confinement, the seasons continue inexorably to turn. Yet many of us are missing beautiful places that we treasure, and long to see again. I will finish here with an extract from Dòmhnull Iain's four-verse "The Uist Year". This second verse takes us from spring into summer. I've placed it alongside a photograph of the sea-pinks at Bornish - not so very far from those bardic birthplaces in Stilligarry, Peninerine and elsewhere in lovely Uist.

"Fragrant scent of herbs/ On machair yellow with blossom,/ Murmuring whisper of the waves/ Sweetly rolling to white sands,/ Sunshine highlighting/ Steep sides of the bens,/ Picture of the island in summer,/ A pearl set in a ring."

Warm good wishes, Sandy

www.sandynicdhomhnailjones.com

Sources:

- 'An Lasair', Ed Ronald Black, Birlinn 2001
- 'An Tuil', Ed Ronald Black, Polygon 2002
- 'Uibhist a Deas', Dòmhnull Iain MacDhòmhnaill, Acair 1981, 2019
- 'Chì mi - Dòmhnull Iain MacDhòmhnaill', Ed Bill Innes, Birlinn 1998
- 'The Voice of the Bard', Timothy Neat and John MacInnes, Birlinn 1999
- 'Gaelic Bards and Minstrels', William Matheson, School of Scottish Studies & Greentrax 1993, 2000
- 'Bàrdachd Gàidhlig 1550-1900', William J Watson, An Comunn Gàidhealach 1976



BÀRD A' CHOMUINN SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Chaidh Sàndaidh NicDhòmhnaill Jones a crùnadh mar Bàrd a Chomuinn ann an 2019.

Mar a bhios fios agaibh bhon cholbh mìosail aig Sàndaidh, bha i air a bhith trang a' cur air dòigh clàr-ama de thachartasan far an robh i gu bhith an làthair thairis air a' bhliadhna seo.

Gu mì-fhortannach, air sgàth's suidheachadh an còronabhioras, chaidh a' chuid as mothà de na tachartasan seo, mar iomadach tachartas eile air feadh na dùthcha, an cuir dheth.

Mar thoireadh air an seo, tha sinn toilichte innse dhuibh gu bheil Sàndaidh gu bhith a' cumail oirre anns an dreuchd mar Bàrd a' Chomuinn airson bliadhna eile, suas chun Dàmhair 2021.

Tha sinn toilichte leis an naidheachd seo agus tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bho Sàndaidh anns na mìosan ri teachd.

Sandy NicDhòmhnaill Jones was crowned as An Comunn Gàidhealach Bard in 2019.

As you will be aware from Sandy's monthly column in this newsletter, Sandy had been busy organising a diary of events which she had hoped to attend and participate in as part of her role as Bard.

However the majority of these events, like many other events across the country, had to be cancelled in light of the coronavirus pandemic.

We are therefore delighted to announce that Sandy will continue in the role of An Comunn Gàidhealach Bard for another year, until October 2021.

We are pleased Sandy will continue in this role and we look forward to hearing her news in the months to come.



#cleachdi
aigantaigh 

Bidh am prògram air-loidhne air a chumail air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig le ceangal ri farsaingeachd de ghoireasan eadar-obrach agus de thachartasan às dèidh sgoile airson òigridh. Bheir seo cothrom do chloinn an cuid Gàidhlig a chleachdadadh ann an suidheachd na dachaigh.

Tha am Bòrd air a bhith ag obair gu dlùth le Fèisean nan Gàidheal agus Comunn na Gàidhlig (CnaG), buidhnean òigridh a tha an sàs ann am brosnachadh na Gàidhlig, gus am prògram air-loidhne a chur air dòigh. Am measg nan gniomhan às dèidh sgoile seo, tha leasanan ciùil air-loidhne, seiseanan bèicearachd, lorgan ulaidh agus tòrr a bharrachd.

Thuirt Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhairsnachd aig Bòrd na Gàidhlig:
"Tha e nas cudromaire, na bha e riamh, aig an àm seo gum bi taic aig òigridh gus Gàidhlig a chleachdadadh san dachaigh cho tric 's a ghabhas, nuair a tha na sgoiltean dùinte agus gniomhan aghaidh-ri-aghaidh eile air an cur dheth. Tha sinn airson tòrr fiosrachaidd a thoirt còmhla ann an aon àite a tha furasta a ruigsinn, a tha a' sealntainn far am faighear farsaingeachd de gniomhan a chuidicheas daoine òga gus cothrom fhaighinn air gniomhan Gàidhlig taobh a-muigh a' churraicealaibh. Tha sinn an dòchas gun cuir barrachd bhuidhnean ris, agus gun toir iad barrachd leudachaidh air a' phrògram."

"Bhrosnaicheamaid a' choimhairsnachd Ghàidhlig an taga-hais #cleachdiaigantaigh a chleachdadadh gus goireasan, beachdan agus susbaint a cho-roinn gus taic a chumail ri cleachdadadh na Gàidhlig ann an dachaighean air feadh na dùthcha dhan ire as mothà 's a ghabhas aig an àm seo. Faodaidh càirdean is caraidean cuideachadh cuideachd le bhith a' bruidhinn Gàidhlig le daoine òga cho tric 's a ghabhas – gu pearsanta, air-loidhne no air a' fòn – a' dèanamh cinnteach gun lean leasachadh nan sgilean cànan aca an dà chuid aig an àm seo agus san àm ri teachd.

'S e #cleachdiaigantaigh an ath cheum san iomairt shoirbheachail #cleachdi. Air a chur air bhog an-uirdh is e amas na h-iomairt seo luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gus innse do dh'Alba agus dhan t-saoghal gu bheil iad moiteil a bhith a' bruidhinn a' chànan.

Bidh buidhnean a tha air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal agus CnaG a' brosnachadh #cleachdiaigantaigh leis na com-pàirtichean aca.

Thuirt Art MacCarraig, Àrd-oifigear Fèisean nan Gàidheal: "Coltach ri iomadh buidheann air feadh na dùthcha tha agaínn aig Fèisean nan Gàidheal ri eòlas a chur air ar n-obair a libhrigeadh ann an cruth eadar-dhealaichte fhad 's a tha na h-amannan dùbhlach seo a leantainn. Tha sinn a' cur failte bhlàth air an iomairt #cleachdiaigantaigh le làn dhùil a' cur ris a' phrògram gus taic a chumail ri òigridh a' Ghàidhlig aca a chleachdadadh ann an coimhairsnachd air-loidhne."

Thuirt Àrd-oifigear ChnaG, Dòmhnull MacNìall: "'S e aon de na rudan às làidire aig lionra lomairtean ChnaG an dlùth-cheangal eadar ar n-oifigearan agus an òigridh anns na sgoiltean is coimhairsnachdan fhèin. Tha e an còmhnaidh na fòcas dhuinne a bhith a' tabhann cur-seachadan spòrsail is tarraingeach, an taobh a-muigh an seòmar-sgoile, agus aig àm mar seo feuchaidh sinn ris na dlùth-cheangalan ionadail seo a chleachdadadh airson cur-seachadan air-loidhne a libhrigeadh a tha a' leantainn ri na h-aon amasan."

Gus taic a bharrachd a chumail ri pàrantan agus iad a' toirt oideachadh-dachaigh do an cuid chloinne ann am Foghlam tron Ghàidhlig, chuir Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig làrach-lìn ùr 'Ionnsachadh Dachaigh' air bhog an t-seachdain seo. Gheibhear barrachd fiosrachaidd air an làraich-lìn aca: <https://gaelic.education/>.

Chaidh prògram #cleachdiaigantaigh beò air Diluain 4 Cèitean agus tha e ri fhaighinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig: www.gaidhlig.scot.



PROGRAMME OF LIVE ONLINE GAELOC MEDIUM ACTIVITIES LAUNCHED TO SUPPORT PARENTS - #CLEACHDIAIGANTAIGH / #USEITATHOME



Bòrd na Gàidhlig's website will host the online programme with links to a range of interactive resources and after school events for young people. This will allow children to use their Gaelic in the home setting.

The Bòrd have been working closely with Gaelic youth organisations Fèisean nan Gàidheal and Comunn na Gàidhlig (CnaG) to develop the online programme. Some of these live afterschool activities include online music lessons, baking tutorials and scavenger hunts amongst a range of others.

Daibhidh Boag, Director of Language Planning and Community Developments said: "It is important at this time that, now more than ever, young people are supported to use Gaelic at home as much as possible, at a time when schools are closed and other face-to-face after school activities are on hold."

"We want to bring lots of information together in one, easily accessible place, signposting to a range of activities that will help young people access on-line Gaelic medium extra-curricular activities. We hope that over the next few weeks, more organisations will add to and enhance the programme further."

"We would encourage the Gaelic community to use the #cleachdiaigantaigh hashtag to share resources, ideas and content to support the use of Gaelic as much as possible at this time in homes across the country."

"Family members and friends can help too by speaking Gaelic as often as they can with young people - in person, on-line or on the phone - ensuring that their language skills continue to develop during this time and into the future."

#cleachdiaigantaigh / #useitathome is the next stage of the successful #cleachdi. Launched last year, this campaign's aim is to encourage Gaelic speakers to let Scotland and the world know they are proud to speak the language.

Groups funded by Bòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal and CnaG will be encouraging the use of #cleachdiaigantaigh / #useitathome with their participants.

Arthur Cormack, Fèisean nan Gàidheal's chief executive officer said: "In common with many organisations across the country we at Fèisean nan Gàidheal have to find ways to deliver our work in a different format during these challenging times. We warmly welcome #cleachdiaigantaigh and fully expect to augment the programme to assist young people to use their Gaelic in an online community."

CnaG's Chief executive, Donald MacNeill said: "A key strength of CnaG's lomairtean network is the close link between our officers and young people in their own schools and communities. Our focus is always to try and offer fun and engaging activities beyond the classroom, and at a time like this, we'll try to use those local connections to deliver these same principles of fun and excitement via online platforms."

In order to further support parents with home-learning, a new website 'Ionnsachadh Dachaigh' has been launched this week by Stòrlann Nàiseanta Na Gàidhlig.

More details can be found on their website: <https://gaelic.education/>

The #cleachdiaigantaigh programme went live on Monday 4th May and can be found on the Bòrd na Gàidhlig website: www.gaidhlig.scot



Stòrlann
Goireasan Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig dhuinn uile 's sinn ri
lonnsachadh dachaigh

www.gaelic.education

www.GAELIC4PARENTS.com

**CUIR STAD AIR
CORONA-BHIORAS**

Nigh do làmhan tric le siabann!

[Stòrlann](#)

Gheibhean tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

<https://www.facebook.com/storlann/>

Lasadh lasadh.co.uk

ag eisteachd	suidh stòlta	smaoinch
coimhead le do shùilean	èist le do chluasan	beul dùinte

Faic na goireasan as ùire againn an seo...

twitter.com/lasadhgaidhlig
facebook.com/lasadh.gaidhlig

Gníomhairean gníomhach

a' slaodadh	a' putadh	a' tilgeil	a' glacadh	a' sgùradh
a' cur sios	a' togail	a' sgiobaigeadh	a' dòrtadh	a' peantadh

Lasadh

Goireasan dhaibhsan a tha a' teagasc tro mheadhan na Gàidhlig
www.lasadh.co.uk

#cleachdi
aigantaigh





Ma tha sibh a' lorg geamaichean no cur-seachadan sam bith airson an tìde a chur seachad, tadhlaibh air duilleag Facebook Comunn na Gàidhlig agus duilleag Facebook Cnag na h-Eileanan an Iar - tha tòrr rudan aca an sin!

COMUNN NA GÀIDHLIG

If you are looking for some activities and games to pass the time, visit the Comunn na Gàidhlig and CnaG na h-Eileanan an Iar Facebook pages, there's lots to do there!

Dealbh is Facal

Maids na facail gu h-iosal ris na dealbhan



CLEASAN ÌOGA ÙR

Tha Ishi air ais 's i airson 's gum bi spòrs gu leòr a' dol fhad 's a tha sinn uile nar flamingothan!! An t-seachdain seo, 's e sreath de chumaidhean bhios againn - an toiseach air ar casan 's an uairsin air an lär.

Beagan dùblanach ach thèid agaibh air! AGUS - Cleas beag sònraichte aig an deireadh ma tha sibh dàna gu leòr!!

NEW YOGA SEQUENCE

Ishi's back with more fun poses as we all pretend to be flamingoes! This week we put poses together in a little sequence - first on our feet and then on the floor! A little trickier but you'll all be great! BONUS - a special yoga trick at the end for anyone feeling brave!!



#cleachdi
aigantaigh

Tràth-Bhliadhnaichean Aois 3-8 Early Years Ages 3-8

Hùb Hàb

Òrain ùra freagarrach do chlann òga bho stòras Fèisgoil
A new early years song resource from the Fèisgoil cupboard

Bun-Sgoilearan Primary School Pupils

Fèis Air Loidhne

Clasaichean ciùil saor an-asgaidh sa Ghàidhlig
Free music classes through the medium of Gaelic

Blasad!

Òrain agus geomairchean freagarrach do chlann le Gàidhlig
Live song game sessions from our Blasad Gàidhlig resource

Sgilean Dràma le Aonghas

Cothrom aig Gàidheil òga sgilean dràma ionnsachadh aig an taigh
An opportunity for young Gaelic speakers to learn drama skills at home

www.feisean.org
tv.feisean.org



#cleachdi
aigantaigh



Highlands and Islands Enterprise
fòmairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

Deugairean agus Daoine Òga Teenagers and Young People

Fuaran

Pròiseact dualchais airson ginealach ùr de sheinneadairean a bhrosnachadh
A heritage project to encourage a new generation of Gaelic singers

Cafe Bheirteis

Cothrom a bhith bruidhinn ri daoine òga eile le Gàidhlig air feadh an t-saoghail
An opportunity to speak to young Gaelic speakers around the world

Fèis nan Deugairean Air Loidhne

Clasaichean-ciùil le Eòghainn MacEanraig airson deugairean le Gàidhlig
Music classes with Ewen Henderson for teenagers with Gaelic

A h-uile Duine Everyone

Tac an Teine Air Loidhne

Seisean seinn air-loidhne sa Ghàidhlig
An Online Gaelic Medium singing session

Oide

Tha an t-seirbheis ùr ionnsachaidh againn, Oide, air loidhne!
Our new learning resource, Oide, is online now!

Brìgh

Sreath òraidean cuide ris an t-sàr sheinneadar, Mèighread Stiubhart
A series of talks on songs and their associated history from renowned Gaelic singer, Margaret Stewart

An t-ionnsachadh òg,
an t-ionnsachadh bòidheach

PGDE (Slighe Ghàidhlig)



University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

A bheil thu a' coimhead airson dreuchd ùr inntinneach 's tu airson fuireach air a' Ghàidhealtachd?

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean fhathast a' gabhail ri tagraighean tro UCAS airson PGDE 2020/21 (Slighe Ghàidhlig - bun-sgoil no àrd-sgoil) aig na colairean OGE a leanas - Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste a' Chaisteil, Colaiste Earra-Ghàidheil agus Colaiste Inbhir Nis suas ri 19 An t-Ògmios.

Tha OGE a' cur fàilte air tagraighean àrd-sgoile airson an dà chuid, Gàidhlig agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

Cuir fios do OGE airson barrachd fios mu na càrsachean fhèin (teagascSMO@uhi.ac.uk) & fios gu Sgioba an Fhoghlaim aig BnG (eoghan@gaidhlig.scot) airson fios mu thaic is chomhairle airson oilleanaich teagaisg Ghàidhlig.

Are you looking for a rewarding new career and wish to stay in the Highlands?

The University of the Highlands and Islands is still welcoming applications via UCAS for the PGDE (Gaelic Pathway - primary or secondary) at the following UHI Colleges - Sabhal Mòr Ostaig, Lewis Castle College UHI, Argyll College UHI and Inverness College UHI up until the 19th of June.

The UHI welcomes secondary applications for both #Gàidhlig and for #Gaelic Medium Subjects.

Contact UHI (teagascSMO@uhi.ac.uk) for more information on the courses and contact Bòrd na Gàidhlig's education team (eoghan@gaidhlig.scot) for more information on support and advice for Gaelic teaching students.

#cleachdi
aigantaigh

**AN LEÒMHANN, A' BHUIDSEACH
AGUS AM PREAS-AODAICH**

**An Leòmhann, A' Bhuidseach Agus Am Preas-Aodaich le
C.S. Lewis air eadar-theagachadh le Màiri Anna NicUalraig**

Air a chlàradh le Nick Turner @ Watercolour Music,
Aird Ghobhair

www.watercolourmusic.co.uk

Taic-deasachaidh
bho Ceana Chaimbeul

Le cead coibhneil an CS Lewis Co. Ltd.

GACH DIMÀIRT AGUS DIARDAOIN BHO 21/4/2020
AIG 2F BST

Facebook: www.facebook.com/LeoBuidseachPreas

Youtube: www.youtube.com/Watercolourfilms

Twitter: [@AnLeomhann](https://twitter.com/AnLeomhann)

The first ever Scottish Gaelic translation of the CS Lewis children's classic, The Lion, The Witch and The Wardrobe.

With Kenna Campbell, as editor, one of Mary Ann's favourite childhood stories can now be enjoyed in her mother tongue.

The broadcast rights – a special dispensation for COVID19 – allow us only to stream live, so please make a date with us on Tuesdays and Thursdays at 2pm BST to follow the Narnia adventure in Gaelic.

You'll be able to find us on Facebook and on Youtube. Once you've reached the page at these times, you'll find a link direct to the live broadcast – just click and away you go!

Facebook: www.facebook.com/LeoBuidseachPreas

Youtube: www.youtube.com/Watercolourfilms

Twitter: [@AnLeomhann](https://twitter.com/AnLeomhann)



PRÒISEACT INNTRIGIDH EALAINNEAN GÀIDHLIG

Tha An Comunn Gàidhealach an-dràsta ag obair còmhla ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, air còirichean fhaighinn air cuid dhan cheòl 's dhan stuth litreachais, a tha iad air fhoillseachadh thairis air na bliadhna chan, agus an stuth a chur an uair sin air an làraich-lìn aig an Leabharlann.

An-sàs anns an obair sin ann an Dùn Èideann, tha Angela NicEachainn 's, thairis air na mìosan a tha romhainn, bi Angela a' rannsachadh, a' lorg agus ann an conaltradh ri feadhainn-leithid üghdaran agus sgrìobhaichean-ciùil - aig a bheil na còirichean sin an-diugh agus, mar a tha i air fhaicinn mar-thà, tha na daoine sin fad is farsaing!

Tha beartas mòr de stuth ann, a' dol air-ais iomadach, iomadach bliadhna agus, bi e na shàr bhuanachd dhan choimhairsnachd Ghàidhlig, an uair a thèid e air an làraich-lìn aig an Leabharlann 's a gheibh daoine cothrom coimhead ris agus a chleachdadadh.

Am measg a' chruinnichidh seo, tha iomadh seòrs' òran a bhithear a' cluinnitinn aig Mòdan, 's iad bho chuid de na bàird as ainmeile, leithid Alasdair MacMhaighstir Alasdair, Donnchadh Bàn, Sileas na Ceapaich is Màiri Nighean Alasdair Ruaidh, gu bàird nach robh 's dòcha buileach cho cluìteach, ach a bha glè chomasach cuideachd, mar Calum Caimbeul MacPhàil is Dòmhnull MacEacharna à Earra-Ghàidheal, An Lighche Iain MacLachlainn, Rathuaidhe, Uilleam MacCinnich à Leòdhas is Ruairidh MacAoidh à Uibhist a Tuath, an-luib mòran eile.

Tha an obair rannsachaiddh seo a' faighinn taic-maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig agus Urras nan Leabharlann Ciùil.

Tha cuid den stuth bhon Chomunn, a chaidh fhoillseachadh bho chionn ùine, leithid nan irisean An Deo-Grèine agus prògraman bho nam Mòdan Nàiseanta, air a bhith air a dhidseatachadh mar-thà 's air an làraich-lìn aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba aig: <https://digital.nls.uk/125660248>

Angela NicEachainn
Oifigeach Inntrigidh Ealaínean
Gàidhlig
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba



#cleachdi
aigantaigh

GAElic Arts Access Project

An Comunn àidhealach are involved, in partnership with The National Library of Scotland, in procuring rights for some of the music and literary material An Comunn Gàidhealach has published over the years, with a view to making it available on the Library's website. The project has received financial support from Bòrd na Gàidhlig and the Music Libraries Trust.

Undertaking the research is Angela MacEachen, who is based in Edinburgh, and, over the coming months, Angela will be researching, finding and contacting those who have these rights today and, as she has found, they are far and wide! There is a great wealth of material, dating back many years, and it will be a great asset to the Gaelic community when it goes on the Library's website and can be accessed and used by all.

Among this collection of material, there are set pieces which have been published for the Mod, with musical scores, as well as accompanying lyrics by well-known Gaelic poets, such as Alexander MacDonald, Duncan Bàn MacIntyre, Sileas of Keppoch and Mary MacLeod of Skye and Harris. In addition to those well-known bards, there is also material from lesser-known, but very competent poets, such as Calum Campbell MacPhail and Donald MacKechnie from Argyll, Dr. John MacLachlan of Rahoy, William MacKenzie from Lewis and Roderick MacKay from North Uist, to name just a few.

Gaelic material published by An Comunn some time ago, such as An Deo-Grèine and National Mod programmes, has already been digitised and is available on the National Library of Scotland's website at: <https://digital.nls.uk/125660248>

Angela MacEachen
Gaelic Arts Access Project Officer
National Library of Scotland



**COINNEAMHAN A' BHÙIRD-STIÙIRIDH RIM
FOSGLADH A-MACH DON PHOBALL
AIRSON A' CHIAD UAIR**

Thèid coinneamhan bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a shruthadh beò bhon Chèitean 2020. Seo a' chiad turas a tha am bòrd-stiùiridh air cuireadh a thoirt don phoball do na coinneamhan seo agus tha e a' sealltainn ùidh a' bhùird-stiùiridh ann a bhith cur ri fosgarrachd agus follaiseachd às dèidh aithisg sgrùdaidh Deloitte an-uiridh.

Tha an leasachadh seo ceithir mìosan air thoisearch, leis a' bheachd sa chiad dol-a-mach gum biodh iad fosgailte ann an Inbhir Nis bhon t-Sultain 2020.

Thuirt Màiri NicAonghais, an Cathraiche ùr: "Aon de na prìomh rudan a bha mi airson a dhèanamh às dèidh dhomh a thoisearchadh, 's e na coinneamhan againn fhosgladh a-mach don phoball agus bha mi airson 's gun tachradh e sa bhad. Ri linn obair dhileas an luchd-obrach, bha an coimeas againn seo a dhèanamh ceithir mìosan air thoisearch oirnn fhèin gus fios mu obair Bhòrd na Gàidhlig a cho-roinn leis na daoine aig a bheil an ùidh as mothà ann – am poball.

"Tha sinn a' cur fàilte air luchd-labhairt na Gàidhlig bho air feadh na dùthcha èisteachd ris na coinneamhan agus do na puingean a thèid a thogail."

Sa chiad dol-a-mach, thèid cuireadh a-mach do luchd-labhairt na Gàidhlig gus coimhead air a' choinneimh le clàr-gnothaich agus pàipearan air am foillseachadh air-loidhne 5 làithean ro gach coinneamh. Anns na mìosan a tha romhainn, bidh am Bòrd a' coimhead ri dòighean gus na coinneamhan a chraoladh ann an Gàidhlig le eadar-theangachadh beò do dhaoine gun Ghàidhlig.

**BOARD MEETINGS MADE PUBLIC
FOR THE FIRST TIME**


Bòrd na Gàidhlig's board meetings will be streamed live from May 2020. This is the first time the Board has invited the public to meetings and demonstrates the Board's commitment to increase openness and transparency following the Audit report by Deloitte last year.

This development is 4 months ahead of schedule, with meetings previously due to be made public in Inverness from September 2020.

Newly appointed Chair, Màiri MacInnes said: "One of the first things I aimed to do after being appointed was to make our meetings open to the public and ensure it happened as quickly as possible. Due to the dedicated work of employees we were able to bring this forward by four months and share the work of Bòrd na Gàidhlig to those who are most interested in it - the public.

"We welcome Gaelic speakers from across the country to come and listen to the meeting and the points discussed."

In the first instance, Gaelic speakers are invited to watch the meeting with agenda and relevant papers being published online 5 days before each meeting. In the months to come, the Bòrd will look at ways to simulcast meetings in Gaelic with an English translation for non-Gaelic speakers.



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Tha Linda gu bhith a' cumail seiseanan leughaidh agus seinn air an t-seanail YouTube: Gaelic Books Council.

Bidh i a' craoladh beò gach Diardaoin aig 10m airson clann aois 0-5 agus aig 10.30 airson clann aois 5-8.

Chì sinn ann sibh!



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Over the next few weeks, Linda will be hosting virtual Gaelic reading and singing workshops on the YouTube channel: Gaelic Books Council.

She'll be streaming live every Thursday morning at 10a for kids aged 0-5 and again at 10.30am for kids aged 5-8.

Chì sinn an sibh!






#cleachdi
aigantaigh

A CAIR


Nach leugh sibh mu dheidhinn ciamar a tha a h-uile duine a' déanamh, agus a' cumail glic an-dràsta?

Obair-ealaín agus rann © Axel Scheffler agus Julia Donaldson 2020, stèidhichte air caractaran bho The Gruffalo © 1999 (Macmillan Children's Books). An teacsá Ghàidhlig le Mairi Sine Chaimbeul as leth Acair 2020.



Tha an dà Ghruffalo ann an Uamh an Òir
An Gruffalo mòr is an tè bheag chòir.

Illustration by Axel Scheffler © 1999 Macmillan Children's Books. Published by arrangement with Macmillan Children's Books. All rights reserved. No part of this publication may be reproduced, stored in a retrieval system or transmitted in any form or by any means without prior permission from the copyright owner. A Scottish Gaelic translation of The Gruffalo © 2020 Macmillan Children's Books.



Nach toir sibh suil air na leabhairchean-eisteachd aig Acair?

Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!

<https://bit.ly/32JDr7a>

Why not have a look at Acair's audiobook selection?

Most of them are free:

<https://bit.ly/32JDr7a>



#cleachdi
aigantaigh

*Children in GME missing out on
their Gaelic music lessons?*



Fèis air Loidhne 2

Clasaichean ciùil **saor an-asgaidh** sa Ghàidhlig airson
sgoilearan sa bhun-sgoil

Free Music Classes in Gaelic for Primary School children



#cleachdi
aigantaigh



Whistle Classes with Alana MacInnes



Fìdeag le Alana NicAonghais

Luchd-tòiseachaidh // Beginners

Dimàirt	02.06.2020	15:00 - 15:40
Tuesday	09.06.2020	
	16.06.2020	
	23.06.2020	



Whistle Classes with Alana MacInnes



Fìdeag le Alana NicAonghais

Eadar-Mheadhanach // Intermediate

Dimàirt	02.06.2020	16:00 - 16:40
Tuesday	09.06.2020	
	16.06.2020	
	23.06.2020	



#cleachdi
aigantaigh



#cleachdi
aigantaigh

Gaelic Singing Classes with Mary Ann Kennedy



Seinn sa Ghàidhlig le Màiri Anna NicUalraig

Primary 1-3

SOLD OUT

Diciadain <i>Wednesday</i>	03.06.2020	15:00 - 15:40
	10.06.2020	
	17.06.2020	
	24.06.2020	



#cleachdi
aigantaigh



HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

Accordion Classes with Eilidh MacFadyen



Bogsa-Ciùil le Eilidh NicPhàidein

Luchd-tòiseachaidh // Beginners

Diardaoin <i>Thursday</i>	04.06.2020	15:00 - 15:40
	11.06.2020	
	18.06.2020	
	25.06.2020	



#cleachdi
aigantaigh



HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

Gaelic Singing Classes with Mary Ann Kennedy



Seinn sa Ghàidhlig le Màiri Anna NicUalraig

Primary 4-7

SOLD OUT

Diciadain <i>Wednesday</i>	03.06.2020	16:00 - 16:40
	10.06.2020	
	17.06.2020	
	24.06.2020	



#cleachdi
aigantaigh



HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

Accordion Classes with Eilidh MacFadyen



Bogsa-Ciùil le Eilidh NicPhàidein

Eadar-Mheadhanach // Intermediate

Diardaoin <i>Thursday</i>	04.06.2020	16:00 - 16:40
	11.06.2020	
	18.06.2020	
	25.06.2020	



#cleachdi
aigantaigh



HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

**#cleachdi
aigantaigh**

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid: Seonag Anderson

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: Peigi NicUllinnein

Oifigear a' Mhòid: Marina NicAoidh
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

